

Co-theacsa

Thòisich e-Sgoil san Lùnastal 2016 mar fhreagairt air na dùbhlain a tha ann a bhith a' faighinn luchd-teagaisg airson cuspairean agus suidheachaidhean sònraichte sna h-Eileanan an Iar. A' cleachdadh modhan-teagaisg dìreach, fìor-àim agus eadar-obrachail tro ghoireasan co-labhairt bhidio, fhuair a' chiad bhuidheann de luchd-ionnsachaidh taic agus a bhith soirbheachail ann an Teisteanasan Nàiseanta.

Chaidh seo a leasachadh le maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus [Bòrd na Gàidhlig](#) gus raon nas motha de chuspairean a ghabhail a-steach agus gus dèiligeadh nas fharsainge ri feumalachdan thar Alba air fad. Aig an àm seo tha e-Sgoil a' toirt sheirbheisean (1) do ochd ùghdarrasan ionadail bho P1 Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gu Àrd-Ìre Adhartach Matamataig agus a' gabhail a-steach cothroman leasachaidh luchd-obrach agus foghlam inbheach, agus dol an sàs phàrantan.

Tha measgachadh de luchd-obrach làn-ùine agus pàirt-ùine aig e-Sgoil stèidhichte sna h-Eileanan an Iar agus ann an ceàrnaidhean eile de dh'Alba, a' lìbhrigeadh raon de chuspairean aig astar gu iomadh làrach.

Sgrùdadh dàta

Chomharraich anailis air tùs sgrùdadh a chaidh a dhèanamh am feum a bha ann airson solar ionnsachaidh a bhiodh air a fhrithealadh nas fheàrr le bhith a' cleachdadh modail e-Sgoil.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air grunnan mhodailean eadar-nàiseanta de ionnsachadh aig astar ach cha robh gin dhiubh a' coinneachadh ris na feuman a chaidh an comharrachadh san sgrùdadh, agus mar sin chaidh am modh-obrach sònraichte aig e-Sgoil a leasachadh.

e-Sgoil, Comhairle nan Eilean Siar

Eadar-theachd

A' cleachdadh modh-obrach e-Sgoil airson ionnsachadh aig astar gus faighinn thairis air bacaidhean gu ionnsachadh thar raon de dh'ùghdarrasan ionadail agus taobhan de fheallsanachd teagaisg.



Fiosrachadh Feumail

- Paca fàilteachais e-Sgoil (1)
- Bileag Vscene taic le teagasg/ionnsachadh (2)
- Aithisg bliadhnail e-Sgoil (3)
- Ceistean a bhithear a' cur tric mu e-Sgoil (4)
- Gabh pàirt ann am Buidheann Yammer Sgeula Bheò SAC air Glow

An sgeula chun na h-Ìre seo: An Lùnastal 2018

Chaidh tùs rannsachadh a dhèanamh air modhan-obrach aig astar a dh'fhaodadh dèiligeadh ris na feuman a chaidh an comharrachadh san tùs aithisg, ach cha tàinig modailean no modhan-obrach à seo a dh'fhaodadh a bhith feumail sna co-theacsan air leth air an robhar a' beachdachadh. Gu sònraichte, b' ann air luchd-ionnsachaidh a bha nan inbhich a bha na modailean air an robhar a' beachdachadh a' cuimseachadh agus cha ghabhadh iad a bhith air an cleachdadh gu dìreach agus gu soirbheachail ann an suidheachaidhean sgoile agus a bhith air an dèanamh a rèir feumalachdan air leth. Tha modh-obrach e-Sgoil glè phractaigeach agus ag atharrachadh a rèir feumalachdan shuidheachaidhean fa leth seach a bhith stèidhichte air prionnsapalan teòraidh farsaing. Thathar a' cuimseachadh air modh-obrach a tha mar fhuasgladh air ceistean a rèir an fheum a tha ann. Tha e-Sgoil stèidhichte air prionnsapal co-ionannas ann an solar foghlaim agus is e am prionnsapal seo an ceann-toisich airson a gnìomhan air fad, bho sholar teicneòlais gu solar ealantas teagaisg.

Tha èifeachdas a' phrògram air a thomhas aig an àm seo a' cleachdadh dàta uimhireil bho thoraidhean SQA agus modhan-obrach càileachdail airson cruinneachadh dàta a' cleachdadh cheisteachain a chaidh an lìonadh a-steach le pàrantan, luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh a tha an sàs ann an e-Sgoil. Tha raon de dhòighean-obrach dearbhadh càileachd ann an àite, agus tha seata soilleir de stiùiridhean ann an àite airson suidheachaidhean com-pàirteachaidh, an luchd-obrach agus an luchd-ionnsachaidh. (2)

Bha e-Sgoil a' faireachdainn gun robh e cudromach bunait fiosaiseach a bhith aice airson a gnìomhan, a bhith mar 'sgoil fiosaiseach' ach a bhiodh an sàs le luchd-ionnsachaidh aig astar, seach gu bheil am pròiseas mun eadar-obrachadh a tha a' dol eadar luchd-ionnsachaidh agus tidsearan. Aig toiseach pròiseas eadar-obrachaidh sam bith aig astar, bithear a' brosnachadh an luchd-obrach a dhol air chuirtean fàilte gu na suidheachaidhean agus gu an luchd-ionnsachaidh gus càirdeasan a thogail a bheir taic do na fèin-fhiosrachaidhean a bhios a' tachairt aig astar. Far am bi sin comasach bithear a' brosnachadh chuirtean eile. Bhiodh fèin-fhiosrachadh ionnsachaidh àbhaisteach gu math coltach ri eadar-obrachadh a bhiodh a' tachairt ann an seòmar-sgoile – ach dìreach gum biodh sin a' gabhail àite aig astar. Sna sgoiltean a tha an sàs ann an seo, tha na h-ullachaidhean airson an luchd-ionnsachaidh a tha a' gabhail pàirt a rèir poileasaidhean na sgoile agus an ùghdarrais ionadail.

On Lùnastal 2016 tha grunnan chomharran tràtha air nochdadh a thaobh soirbheachas a' mhodh-obrach, mar eisimpleir, sa chiad bhliadhna, bha an luchd-ionnsachaidh air fad soirbheachail sna Teisteanasan Nàiseanta aig na h-ìrean no na b' àirde na bhathar a' sùileachadh (3). Tha fàs mhòr air a bhith ann an àireamh de luchd-com-pàirteachaidh agus tha freagairtean sna ceisteachain a' comharrachadh ìrean àrda de shàsachadh an lùib an luchd-cleachdaidh. Tha e-Sgoil air a bhith a-riamh dhan bheachd gu bheil e cudromach a bhith for-ghnìomhach ann a bhith a' cruinneachadh fiosrachaidh bho luchd-cleachdaidh gus a bhith a' toirt taic do agus a' stiùireadh leasachaidhean san àm ri teachd. (4)

Tha e-Sgoil dèidheil a bhith a' daingneachadh a' mhodh-obrach ann an dòigh bhrìgheil agus a rèir sgèile-ama phractaigeach. Leis gu bheil e-Sgoil stèidhichte air a' phrionnsapal a bhith a' dèanamh cinnteach à co-ionannas solair, tha i dèidheil a bhith a' dèiligeadh ri feum ann an dòigh thomhaiste a chumas suas treibhdhreas a' phròiseis.